

Cabadaich Còmhla

**Dèan atharrais air na fuaimean,
aghaidhean èibhinn is gluasadan agam.**

Nuair a nì thu atharrais
orm, bidh mi a'
mothachadh gu bheil
thu ag èisteachd is
gu bheil thu airson a'
chòmhradh a chumail
a' dol.

'S fhìor toil leam e
nuair a bheir thu orm
gàireachdaich le bhith
a' dèanamh atharrais
air mo ghluasadan is
gluganan, is an uair sin
a' stad gus leigeil leam
turas eile a ghabhail.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh
air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/nhd3tbjj>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

Èist, coimhead is freagair mi.

Chan urrainn dhomh
bruidhinn fhathast,
ach tha tòrr agam ri
innse dhut.

Thoir an aire
dham fhiamhan-
aghaidh, fuaimean
is gluasadan gus
faighinn a-mach
ciamar a tha mi a'
faireachdainn no dè
a dh'fheumas mi.

Cuidich mi a
sheatlaigeadh le
tàladh ciùineachaidh
no bruidhinn rium air
dè tha mi a' dèanamh.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an
gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/3s2zn583>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

'S e aghaidh ri aghaidh an t-àite
as fheàrr dhuinn

Bidh aig ìre mo
shùilean gus mo
chuideachadh
d' fhaicinn, is
gus am faic thu
ciamar a tha mi a'
faireachdainn.

Cleachd fiamhan-
gàire is guth socair
gus m' aire a chumail.
Ma dh'fhaodte gun
coimhead mi air falbh,
ach tha sin ceart gu
leòr, thig mi air ais.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an
gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/bdctcz3x>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

Cleachd guth ceòlmhor

'S urrainn dhomh do ghuth aithneachadh mus beirear mi. Tha e gam chuideachadh a bhith toilichte is faireachdainn sàbhailte nuair a tha amannan sàmhach againn airson cabadaich, seinn, no innse sgeulachdan dhomh.

Cuidich mi m' aire a thoirt le bhith a' cleachdadh guth ceòlmhor a tha a' dol suas is sìos.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/3s2zn583>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

Theirig sìos dhan ìre agamsa

Bidh sìos aig an ìre agamsa gus am faic thu m' aghaidh gu soilleir is gum faic mi d' aghaidh fhèin.

Thoir an aire a dh'fhaicinn dè tha m' fhiamhan-aghaidh, fuaimean is facail ag innse dhut.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/4yp5fkpp>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

Coimhead is fuirich mus tòisich thu a' bruidhinn

'S fhìor thoil leam nuair
a chluicheas tu còmhla
rium, a' leigeil leam a
bhith aig an stiùir.

Coimhead is
feitheamh a
dh'fhaicinn mar a
chuireas mi romham
a bhith a' cluich is na
tha ùidh agam ann.

Rach ann le bhith a' cur
facal ann no a' gabhail
turas. Thoir dhomh tìde gu
leòr ri freagairt.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur
an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/d9ak3ewp>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

**Dèan atharrais air na fuaimean no
facail agam is cur beagan a
bharrachd ris**

Nuair a nì thu atharrais
orm, bidh mi a'
mothachadh gu bheil
thu ag èisteachd, is
tha e a' cuideachadh
gus an còmhradh
a chumail a' dol.
Tha na seantansan
nas fhaide agad gam
chuideachadh le bhith ag
ionnsachadh fhacail ùra.

Na gabh dragh mura
chanas mi na fuaimean
uile ceart fhathast.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh
air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/3ddzhcfa>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Cabadaich Còmhla

Bruidhinn rium ge bith dè tha sinn
a' dèanamh

Cabadaich rium
air na tha sinn
trang ris, co-dhiù
a tha mi a' cur
aodach orm no a'
coiseachd dhan
sgoil-àraich.

Feuch ri facal
a chur ann an
àite ceistean
fhaighneachd.
Thoir tìde dhomh
turas a ghabhail, le
no às aonais fhacail.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh
air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/ye27twfs>



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba